

Tha am bàrd a' stèidheachadh an t-suidheachaidh sa chiad rann. Tarraing no peant dealbh a tha a' sealltainn na bha am bàrd a' dèanamh còmhla ri mhàthair 's e na bhalach òg

Dè a' bhuaidh a thug ceistean a' bhalaich san dàrna rann air a mhàthair?

Chaidh sàmhchair dà mhionaid a chumail ann an sgoil a' bhalaich. Dè bha e a' tuigsinn le seo?

Ciamar a tha am bàrd a' toirt iomradh air call na h-Iolaire nuair a tha e a' bruidhinn air an àite san deach a mhàthair a thiodhlacadh?

Dè na faclan a tha ag innse dhut gun do bhàsaich màthair a' bhalaich 's i òg?

Dè na faclan sa chiad rann a tha ag innse dhut nach d' fhuair athair a' bhalaich às beò nuair a chaidh an Iolaire air Biastan Thuilm?

Dè na faclan san dàrna rann a tha ag innse dhut gu bheil màthair a' bhalaich na bantraich 's i a' caoidh?

Dè tha am bàrd a' ciallachadh leis na faclan, 'Bha ceann dol liath 's i fhathast òg.'?

Carson a bheireadh fuaim gèile buaidh air màthair a' bhalaich?

Carson a bha am balach taingeil gun do bhàsaich a mhàthair nuair a bha i òg?